




Beatha  
le  
Buaidh

Ant & Dec

SUI

Ant & Dec

**beatha le  
buaidh**





## beatha le buaidh

Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.


Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-73-6

AMT & DEC



## Ant &amp; Dec

**T**ha Ant agus Dec air dithis cho ainmeil agus a tha ag obair air an telebhisean ann am Breatainn. Tha iomadach dreuchd air a bhith aca bhon a nochd iad air beulaibh a' chamara an toiseach ann am prògram chloinne, *Byker Grove*.

Rugadh Anthony McPartlin agus Declan Iosaph Oilibhear Donnelly anns a' Chaisteal Nuadh sa bhliadhna 1975. Tha iad air a bhith soirbheachail nan cleasaichean agus nan seinneadairean a bharrachd air a bhith a' toirt iomadach prògram fa chomhair an t-sluaigh.



ANT & DEC



63

ANT & DEC

## A' coinneachadh

**C**ha b' aithne do dh'Ant agus Dec a chèile idir gus an do choinnich iad air *Byker Grove*. B' ann anns a' Chaisteal Nuadh a bha am prògram air a stèidheachadh agus fhuair an dithis aca pàirtean ann mar chleasaichean. An dèidh a bhith còmhla air beulaibh a' chamara thòisich iad air a bhith nan deagh charaidean.

7



## Seinneadairean

**B** e PJ agus Duncan na h-ainmean a bha air na caractaran aca ann am *Byker Grove* agus b' e na h-ainmean sin a chleachd iad nuair a thòisich iad air seinn. A-rithist bha iad gu math soirbheachail le an cuid seinn. Mus do stad iad a sheinn bha iad air trì clàran a dhèanamh (agus bha iad air a bhith gu math soirbheachail). Bha gnothaichean a' dol gu math dhaibh an toiseach ach beag air bheag bha na bu lugha agus na bu lugha a' ceannach nan clàr aca. Leis an ùine nan seinneadairean a' tighinn gu ceann chuir iad cùl ri PJ & Duncan agus thòisich iad air an ainmean cearta, Ant agus Dec, a chleachdadh a-rithist.



ANT

& DEC



*Can @onder tur can*



12

## Prògraman Chloinne

**A**n dèidh a bhith nan seinneadairean bha duilgheadas aig an dithis aca obair fhaighinn. Chuir iad romhpa gluasad a Lunnainn agus an sin bha iad a' fuireach anns an aon taigh. Fhuair iad obair a' dèanamh prògram comadaidh chloinne agus an dèidh sin fhuair iad am prògram fhèin air Sianail 4. Bha iad air cothroman obrach fhaighinn a-rithist agus choisinn iad cliù dhaibh fhèin airson a bhith èibhinn agus bha a h-uile coltas ann gun robh am mòr-shluagh glè dhèigheil orra.

13

ANT & DEC

## Prògraman Inbheach

**T**ha Ant & Dec air a bhith ag obair air na prìomh shianalan uile ann am Breatainn. Tha iad air iomadh prògram a dhèanamh dhan BhBC agus Sianal 4. Ach b' e ITV a chunnaic cho comasach 's a bha iad ag aontachadh chùmhnanntan ann an 1998. 'S le sin, 's ann airson nam prògraman *Pop Idol* agus *I'm a Celebrity, Get Me Out of Here!* as fheàrr a dh'aithnicheas daoine iad. Tha daoine measail orra a chionn agus gu bheil iad cofhurtail agus èibhinn air beulaibh a' chamara.

14

ANT & DEC



15

## Air falbh on telebhisean

**G**ed a shaoileadh duine nach robh cus ùine aig an dithis aca airson rud sam bith eile a dhèanamh leis cho tric agus a tha iad air an telebhisean, tha ùidh mhòr aig an dithis aca ann an spòrs. 'S toil leotha a bhith a' cluich goilf ach gun teagamh sam bith, 's e a bhith a' leantainn Newcastle United an cur-seachad as fheàrr leotha. Tha iad glè mhoiteil a bhith às a' Chaisteal Nuadh agus bidh iad a' tilleadh dhachaigh cho tric agus as urrainn dhaibh.

Bha iad a' fuireach anns an aon taigh gus an do phòs Ant ann an 2006. B' e Dec am fleasgach a bha aige aig a' bhanaid. Airson Dec, dh'ealaich e bho leannan Clare Buckfield, bhana-cleasaiche a bha ann an *2point4 children*, ann an 2003.

Dè an ath cheum a bhios aig Ant & Dec? Chan eil fhios, ach faodaidh sinn a bhith cinnteach gum bi iad ag obair còmhla.

ANT

& DEC



*Com @onder tour aan*

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

## **Cò iad?**

### **Latha Breith**

Ant - 18/11/1975

Dec - 25/09/1975



### **Cò às a tha iad?**

Tha an dithis aca às  
a' Chaisteal Nuadh.

### **An ainmean ceart**

Anthony McPartlin agus Declan  
Iosaph Oilibhear Donnelly

### **A' chiad obair aca**

Cleasaichean

### **Dreuchdan eile**

Seinneadairean agus  
luchd-lìbhrigidh prògraman  
telebhisein.

### **Càirdeas**

Fìor dhlùth charaidean.